

Taic don Iorgairean



An t-Sultain sa chaidh, chaidh oifigear foghlaim eucoir fiadh-bheatha fhadstadh le poilis Roinn a' Mhonaidh – a' chiad uair a thachair seo le poilis Bhreatainn. Tha an t-oifigear seo, Anndra Turner, an seo a' toirt cunntas air an dòigh as fheàrr airson bacadh a chur air eucoir an aghaidh fiadh-bheatha

104,317. Chan iad idir àireamhan a' Chrannchuir Nàiseanta bhon t-seachdain a chaidh, is e seo meud mòr, farsaing fearann na h-Alba an cilemeatairean ceàrnagach.

Tha am meud mòr seo de dh'fhearann tric na dhuilgheadas do na h-oifigearan an urra ri dìon fiadh-bheatha. Gun ach 90 oifigearan air feadh Alba, tha seo a' fàgail mu 1,159km ceàrnagaichte aig gach oifigear fa leth dèiligeadh ris! Is raon cianail mòr tha seo, agus e duilich do dh'oifigearan lorg fhaighinn air eucoir agus an lagh a thoirt gu buil.

Tha an eucoir a tha ga dèanamh air fiadh-bheatha na h-Alba na smàl air dualchas nàdair miorbhaileach na h-Alba. Faodaidh i buaidh a thoirt air cuid dhe na beathaichean as teirce agus as sònraichte a th' againn an Alba, le daoine droch-làimhseachadh beathaichean, a' milleadh àrainnean

glèidhteachais sònraichte, le buaidh mar an ceudna ga toirt air riaghladh laghail na dùthcha is air cleasachd.

Mar a gheibhear an co-theagais eucoir eile, chan iad ach àireamh glè bheag de dhaoine a tha a' briseadh nan laghan seo a dh'aona ghnòthaich no ri linn aineolais. Tha dàimhean ann tric eadar seo is eucoir dhùthchail eile, agus uime seo cha bu chòir don phoball feuchainn dèiligeadh ri daoine fo amharas.

Ged a tha na poilis a' clàradh eucoirean air fiadh-bheatha, tha e duilich dearbhadh fìor mhead is bhitheantas nan eucoirean air feadh Alba. 'S e an t-adhbhar air cùl seo ach gu bheil raointean mòra air tuath far nach tèid eucoir air fiadh-bheatha a lorg no chlàradh.

Seo àireamh mhòr eile: 5,168,500. 'S dòcha gun toir an àireamh seo, gu dearbha, fuasgladh air duilgheadasan oifigearan dìon nam fiadh-bheatha oir 's i àireamh-shluaigh na h-Alba

(an 2008). Tha slugh na h-Alba ann am bitheantas gu math gluasadach nan dòigh; le mòran a bharrachd chothroman ann a-nise a bhith ri cur-seachadan leithid rothaireachd-bheinne no coiseachd chnoc. Uime seo, tha barrachd chothroman ann don phoball aithris air far a bheil eucoir air a lorg am measg sgìrean iomallach na dùthcha; a' dèanamh obair nan oifigearan air feadh nan sgìrean 1,159km ceàrnagaichte seo beagan nas fhasa dhaibh.

An sgìre poilis Roinn a' Mhonaidh a-mhàin, faodaidh ionad eucoir fiadh-bheatha còrr is 50 brath-fòn fhaighinn ann am mìos, bho shealg gheàrran faisg air Eilginn, gu dragh ga chur air leumadairean an caladh Obar Dheathain no goid bhradan às Uisge Dè. Am measg nan brathan air fìor-eucoir, gheibhear fios air beathaichean air marbhadh air na rathaidean, bàs nàdarra no eadhon iseanan cheann-fionn air tràigh Obar Dheathain – no iseanan ghearraidhean-breaca mar a bh' annta!

Chan eil sinn idir ge-tà airson daoine a' cur dheth bho a bhith a' cur fios gum poileas. Bhiodh e na chuideachadh mòr ge-tà fiosrachadh slàn, ceart a bhith ri fhaighinn air a' ghnothach airson cuideachadh a thoirt don phoilis gus dèiligeadh ris anns an dòigh as èifeachdach.

1
'S i Alba tè dhe na dùthchannan as fheàrr a th' ann airson coimhead leumadairean, mhucan-mara is phèileagan, ach feumas daoine le bàtaichean a bhith mothachail nach fhaod claoidh no dragh a chur air na beathaichean seo.



Chan eil geàrran a' cladhach tholl fo uachdar na talmhainn, mar a ni an rabaid, 's e tha na geàrran a' dèanamh ach a' togail nead no lagan tana ann am feur àrd. Gun tèarainteachd is fasgadh ceart aca ge-tà, tha iad tarraingeach do dhaoine airson sealg nan geàrr – rud a tha mi-laghail.



Le a bhith a' leantail an liosta bhig, shimplidh seo de dhòighean air innse mu eucoir air fiadh-bheatha, bu choir dha a bhith comasach fìor-dhealbh a thogail air bitheantas is farsaingeachd na h-eucoir seo air feadh Alba ach an tèid cur às dhi. Le dòighean aithris nas èifeachdach gan cur an gnìomh bhite an dùil nach deigheadh an uiread de thide a chaitheamh le oifigearan agus iad a' siubhal sgìrean mòra, dùthchail an dèidh dhaibh fiosrachadh fhaighinn nach eil mionaideach no dòigheil. Ma tha thu a' saoilinn gu bheil eucoir air tachairt no eadhon a' tachairt an-dràsta, bu chòir dhut coimhead ris na leanas:

- Dèan**
- Innse do phoilis agus amharas ort gu bheil eucoir ga dèanamh, faighnich dhaibh a bheil oifigear eucoir fiadh-bheatha aca.
 - Nota air a' cheann-latha, an uair agus an t-sìde.
 - Comharradh air an làraich le mapa air neo le GPS ('global positioning system' – an dòigh as fheàrr) air far an tachair an eucoir agus far an robh thusa nuair a chunnaic thu i.
 - Cunntas air na daoine an sàs innte, a leithid gnè, aois, meud, an t-aodach orra, msaa.
 - Nota air pleitichean charbadan sam bith a dh'fhaodadh a bha an sàs; dathan orra, dè seòrsa is modail charbadan a th' annta.
 - Cunntas air luchd-fianais eile, ainmean is fiosrachadh pearsanta aca.
 - Dealbh-camara no bhidio a thogail (ma ghabhas a thogail) no eadhon sgeidse a dhèanamh air na chunnacas.
 - Cleith air ball-puinnsein sam bith a thèid lorg no beathaichean air am puinnseanachadh gus nach dèan iad cron air daoine no beathaichean eile.
 - Aithris air na thachair, eadhon mur a h-eil thu cinnteach an robh eucoir an lùib. Chan eil e daonnan follaiseach far a bheil eucoir air a dhèanamh air fiadh-bheatha.

- Na dèan**
- Na dèan càil ri làraich na h-eucoir gun adhbhar air a shon; na caraich càil agus na coisich am measg.
 - Na dèan beantainn ri beathaichean is eòin mharbh, gu h-àraidh agus amharas ann gun robh puinnsean an lùib a' bhàis.
 - Na gabh gnothach ri cleachdaidhean dùthchail laghail, a leithid innealan-glacaidh, ribeachan, àitean-falaich, làraichean-losgaidh ('shooting butts'), no suidheachain-àrda agus iad air an cleachdadh an dòigh laghail.

- Na dèan uair sam bith**
- Na bi a' dol a dh'ionnsaigh neach fo amharas eucoir air neo feuchainn ri stad a chur air an eucoir agus i a' dol air adhart, gun fhios nach cuir thu fhèin an cunnart.